

Dè tha ann am fianais eachdraidh?



Faodaidh dealbhan-camara a bhith nan deagh stòr airson fianais eachdraidh



Faodaidh leabhraichean agus làmh-sgrìobhainnean a bhith nan deagh stòr airson fianais eachdraidh, ach dh'fhaodadh an sgrìobhaiche a bhith taobhach



'S e nì a bhios ag innse dhuinn mu rudan thachair anns an ùine a dh'fhalbh a tha ann am **fianais eachdraidh**. Tha fianais eachdraidh a' toirt dhuinn cothrom **dearbhadh** dè thachair ann an eachdraidh, no faodaidh e ar cuideachadh gus beachd a thoirt air dè thachair ann an eachdraidh.

Chaidh tòrr fiosrachaidh a thoirt dhan ath ghinealach tro bheul-aithris, ann an òrain agus sgeulachdan

